

Cuspair Clàir-ghnothaich	5
Àir. Aithisge	G/9/23

COMHAIRLE NA GàIDHEALTACHD

Comataidh:	Comataidh na Gàidhlig
Ceann-latha:	31 Cèitean 2023
Tìotal Aithisge:	Plana na Gàidhlig – Co-chomhairleachadh Poblach
Aithisg le:	An t-Àrd-Oifigear

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

- 1.1 'S e prìomh adhbhar na h-aithisge fios a thoirt do Bhuill mun cho-chomhairleachadh phoblach a chaidh a chumail a thaobh Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2023–28 (PnG).

2. Molaidhean

- 2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:
- beachdachadh air an aithisg.

3. Buidhean

- 3.1 Goireas – Eadar Faoilleach agus Cèitean stiùir Sgioba Gàidhlig na Comhairle am planadh airson co-chomhairleachadh poblach PnG. Thug Astar Media taic seachad cuideachd tro sheirbheis cho-chomhairleachaidh gheàrr-ùine gus na tachartasan co-chomhairleachaidh a chur air dòigh agus freagairtean co-chomhairleachaidh a chruinneachadh is a chur ri chèile.
- 3.2 Laghail – Tha e mar riathanas air Comhairle na Gàidhealtachd gum bi Plana Gàidhlig aontaichte aice a rèir Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 ('Achd 2005'). Tha Earrann 3(6) de dh'Achd 2005 cuideachd a' mìneachadh gu bheil e mar riathanas air ùghdarrasan poblach co-chomhairleachadh a chumail le daoine a tha a' nochdadh ùidh a thaobh dreachd PnG.
- 3.3 Coimhearsnachd (Co-ionannachd, Bochdainn, Dùthchail agus Eilean) – Tha fòcas làidir coimhearsnachd aig buileachadh PnG air feadh na Gàidhealtachd air sgàth nan tachartasan, an taic is an leasachadh coimhearsnachd a thathar a' toirt seachad ann an coimhearsnachdan tro obair Sgioba na Gàidhlig.

- 3.4 Atharrachadh Gnàth-shìde/Carbon Ciallach – Tha Sgioba na Gàidhlig a’ dèanamh feum cho math ’s a ghabhas de theicneòlas airson ceangal a thogail le co-obraichean is le buidhnean air an taobh a-muigh gus còmh-dhail a lùghdachadh. Chleachd Sgioba na Gàidhlig na h-aon chàraichean far am b’ urrainn dhaibh gus tachartasan co-chomhairleachaidh a fhrithealadh agus chaidh baidhc carago a chleachdadh gus brataichean is stuthan co-chomhairleachaidh a thoirt do thachartas Inbhir Nis.
- 3.5 Cunnart – Chan eil cunnart a’ buntainn ris an aithisg seo.
- 3.6 Gàidhlig – Bidh am fios air ais a chaidh fhaotainn tron cho-chomhairleachadh phoblach a’ toirt buaidh fìor mhath gu buil a thaobh gleidheadh is leasachadh cànan is cultar na Gàidhlig thar nan roinnean is nam buidhnean-aoise uile sa Ghàidhealtachd.

4. Cruth Co-chomhairleachadh PnG

- 4.1 Dh’fhosgail an co-chomhairleachadh poblach airson dreachd PnG air 10 Màrt agus bha e fosgailte airson sia seachdainean, gu 21 Giblean.
- 4.2 Chaidh puist air na meadhanan sòisealta agus fiosan naidheachd a chur a-mach gus an co-chomhairleachadh poblach agus tachartasan co-chomhairleachaidh co-cheangailte ris a shanasachd.
- 4.3 Bhathar a’ brosnachadh luchd-freagairt gus freagairtean a chur a-steach air-loidhne tro shuirbhidh cho-chomhairleachaidh a bha air làrach-lìn Chomhairle na Gàidhealtachd.
- 4.4 Chaidh trì tachartasan, far am faodadh am poball tadhal a-staigh, a chumail ann an Inbhir Nis, Port Rìgh agus Loch Abar.
- 4.5 Chaidh puist-d a chur gu cunbhalach gu luchd-ùidhe, a leithid bhuidhnean Gàidhlig gus freagairtean a bhrosnachadh (chithear liosta-puist an luchd-ùidhe ann an **Eàrr-ràdh 1**). Chaidh pasgan fiosrachaidh a thoirt dhaibh cuideachd mun dreachd PnG.

Bha na leanas sa phasgan:

- Lethbhreacan de dhreachd PnG
 - Geàrr-chunntas nas giorra de dhreachd PnG
 - Sgrìobhainn ‘Prìomh atharrachaidhean eadar treas is ceathramh dreachd PnG’
 - Slaighdean mu PnG, airson deasbaireachd a bhrosnachadh taobh a-staigh bhuidhnean.
- 4.6 Chaidh pasgan Pròiseact Guth nan Sgoilearan Gàidhlig a chruthachadh cuideachd agus a thoirt do sgoiltean na Gàidhealtachd. Chaidh sgoilearan a bhrosnachadh gus còmhraidhean a chumail mu dhòighean gus (i) cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh no (ii) ionnsachadh na Gàidhlig a mheudachadh. Chaidh na toraidhean aca a cho-roinn le Comhairle na Gàidhealtachd agus chaidh coimhead riutha mar fhreagairtean co-chomhairleachaidh.

5 Freagairtean Co-chomhairleachaidh PnG 2023–28

- 5.1 Chaidh còrr is 500 beachd fhaotainn a thaobh dreachd PnG. Bha seo a’ riochdachadh àrdachadh còrr is 13 uimhir an coimeas ris an àireimh fhreagairtean a chaidh fhaotainn tron cho-chomhairleachadh phoblach airson an deasachadh mu dheireadh de PnG.

- 5.2 Chaidh am fios air ais bhon cho-chomhairleachadh a chleachdadh nuair a bhathar a' deasachadh an dreachd mu dheireadh de PnG.

6

Astar Media

'S e companaidh Gàidhlig le eòlas sònraichte air conaltradh didseatach, stiùireadh is libhrigeadh phròiseactan agus stiùireadh thachartasan a th' ann an Astar Media. Chaidh an cur air bhonn ann an 2021 agus tha iad stèidhichte ann an Steòrnabhagh. Chaidh cùmhnant a thoirt do dh'Astar Media, air stèidh gheàrr-ùine, gus na tachartasan tadhail a chur air dòigh, deasbaireachd a chomasachadh aig na tachartasan agus freagairtean a chruinneachadh is a chur ri chèile. Dhealbhaich Astar Media grafaigean-fiosrachaidh, sgrìobhainnean geàrr-chunntais agus stuthan co-chomhairleachaidh eile airson an cleachdadh aig na tachartasan.

Thug làthaireachd Astar Media aig na tachartasan tadhail cothrom dhaibhsan a bha an làthair bruidhinn gu fosgailte mu PnG. Thug seo cuideachd cothrom do Sgioba Gàidhlig na Comhairle ceangal a thogail le barrachd dhen phoball aig na tachartasan.

Às dèidh dhan cho-chomhairleachadh phoblach dùnadh, thug Astar Media na freagairtean a chaidh a chruinneachadh aig na tachartasan do Sgioba Gàidhlig na Comhairle. Thug Astar Media fios air ais seachad cuideachd mun phròiseas cho-chomhairleachaidh, agus thèid seo a chleachdadh gus fios a chur ri planadh airson co-chomhairleachaidhean poblach san àm ri teachd.

Ainmeachadh: Àrd-Oifigear Gnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas

Ceann-latha:

Ùghdaran: Eoina Rodgers agus Mòrag Anna NicLeòid Mitchell

Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh:

Eàrr-ràdh 1

Liosta-puist Luchd-ùidhe

Ainmean-Àite na h-Alba

Alba Chruthachail

Am Baile

An Comunn Gàidhealach

Àrainneachd Eachdraidheil Alba

Bòrd na Gàidhlig

Buidheann Stiùirichean Uàird is Cathair-bhaile

Caidreachas a' Chinn a Tuath

CaIMac

Care and Learning Alliance

CMAL

Coilltearachd agus Fearann Alba

Coimisean na Croitearachd

Comann na Camanachd

Comann nam Pàrant

Comhairle Mhoireibh

Còmhdhail Ùghdarrasan Ionadail na h-Alba

Comunn Gàidhlig Inbhir Nis – The Gaelic Society of Inverness

Comunn na Gàidhlig

Cultarlann Inbhir Nis

FC Sonas

Fèisean nan Gàidheal

Fèis nam Meadhanan Ceilteach

Fèis Rois

Foghlam Alba

HandsupforTrad

Highland and Islands Airports Limited

High Life na Gàidhealtachd

Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean

Leasachadh Sgilean na h-Alba

Lìonra nan Oifigearan Leasachaidh Gàidhlig (GLAD)

Lìonra Ùghdarrasan Ionadail Gàidhlig (GLAN)

MG ALBA

NàdarAlba

Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean

Paths for All

Riaghaltas na h-Alba

Roinn Leasachadh Gnothachais Inbhir Nis

Sabhal Mòr Ostaig

Seachdain na Gàidhlig

Spiorad na Gàidhealtachd

Spòrs Alba

Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba

Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh

Ùghdarras Theisteanasan na h-Alba

VisitScotland